

CUNNTAS AIR POILEASaidH CO-IONNANACHD CHOTHROMAN

Tha an cùntas poileasaidh seo a' buntainn ris a h-uile duine a tha a' sàs anns a' Cholaiste.

Tha Sabhal Mòr Ostaig ag aithneachadh gu bheil e mar dhleastanas dhaibh, mar bhuidheann a tha a' toirt cosnadh agus seirbheis do dhaoine, co-ionannachd chothroman a thoirt dhan h-uile duine. Tha a' Cholaiste a' dèanamh a' dìchill gus dèanamh cinnteach gun dèiligear leis a h-uile duine le làn urram ann an suidheachadh saor bho ana-ceartas agus claoidhteas. Tha a' Cholaiste ag aithneachadh gu bheil e mar dhleastanas dhaibh feumalachdan an lagh a' leantainn gus nach bidh e laghail leathoireas a dhèanamh air neach-obrach no dèiligeadh riutha ann an dòigh neo-àbhaisteach air sgàth dath an craicinn, an dulachas cinnidh no an gnè. Chan eil sinn a' gabhail ris an dleastanas seo dìreach a' chionn 's gu bheil an lagh ag iarraidh òirnn agus tha a' Cholaiste a' leudachadh nan smuaintean sin gus nach bidh leathoireas air a dhèanamh air feadhainn air an deach breith ciont a thoirt ann an cùirt lagha, agus gus nach bidh leathoireas air a dhèanamh air duine sam bith air sgàth aois, creideamh no beachdan poilitigeach.

Tha e mar dhleastanas air na h-Urrasairean agus Ard Bhuidheann Stiùiridh na Colaiste dèanamh cinnteach gum bi an luchd-obrach agus na h-oileanaich uile a' cur an làn taic ris a' phoileasaidh seo. Nì iad sin le conaltradh agus ionnsachadh a tha iomchaidh agus feumail. Mar bhuidheann a tha a' toirt cosnadh, tha a' Cholaiste ag amas air sgrùdadh a dhèanamh air mar a thathar a' fastadh luchd-obrach agus mar a thathar a' dèiligeadh le luchd-obrach gus dèanamh cinnteach nach eilear a' dèanamh di-meas air buidheann sam bith, a dh'aona ghnòthaich no gun fhiosda. Bidh a h-uile h-ìre dhen t-siostam obrach, bho fastadh gu ionnsachadh gu leasachadh dreuchd, air a sgrùdadh.

Cuidichidh Buidheann Co-ionannachd Chothroman anns an obair seo le bhith a' sgrùdadh a h-uile mìr de Cho-ionannachd Chothroman. Feumaidh luchd-obrach agus oileanaich an taic a chur ris a' phoileasaidh seo. Feumaidh iad beachdachadh air co-ionannachd chothroman an uair a tha iad a' dèanamh an dreuchdan, agus mar sin, tha e na phàirt cudromach de shaoghal na colaiste. Nì a' Cholaiste nas urrainn dhuinn gus dèanamh cinnteach gum bi co-ionannachd chothroman ann do luchd-obrach agus do dh' oileanaich anns a h-uile ìre de bheatha na Colaiste.

Tha e cudromach gun tèid am poileasaidh seo a' leantainn, agus 's dòcha bidh duine air a smachdachadh mura gabhar ris.

Fearchar Mac An Tòisich
Neach-cathrach nan Urrasairean